

13/3/25, Steòrnabhagh

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Iain Moireasdan [sa Chathair], Calum Steele, Lachlan Peel, Rhoda NicDhòmhnaill, Ingrid NicEanraig, Daibhidh Byrne (air-loidhne), Calum MacLeòid, Catriona Mhoireach

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Mairead Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)
Lorna Nicamhlaigh [LMA] (Stiùiriche Com-pàirteachais & Leasachaidh)
Donnie Dòmhnallach [DMD] (Ceannard Gnìomhachais)
Sarah NicDhòmhnaill [SN] (Ceannard Ionmhais)
Uisdean MacLeòid [UML] (Ceannard Teicneòlais & Oighreachd)
Kathryn NicAoidh [KMK] (Cathraiche Buidheann Leasachaidh Leantainneach)
Abigail Niclòmhair [AM] (Cathraiche, Buidheann Obrach Òigridh)
Fiona NicChoinnich [FM] (Deasaiche Coimiseanaidh) – puinge 4-6
Eilidh Lewsey [EL] (Manaidsear Ùrlaran Didseatach) – puinge 4-6

An làthair: Mairead Màiri Moireach [MM] Ceannard Craolaidh Gàidhlig & Caidreachas (BBC) - puinge 4-6
Murchadh MacSuain [MMS] (Astar Media) – puing 6

Chaidh fàilte a chur air LMA chun chiad choinneamh oifigeil aice.

Chaidh fàilte cuideachd a chur air KMK agus AM agus thug iad seachad iomradh air dleastanas na buidhnean aca.

1. Leisgeulan

1.1 Marion Nic na Ceàrdaich.

2. Gnothach dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh agus gnothaichean ag èirigh (5/12/24 & 28/1/25)

3.1 Molaichte le Ingrid NicEanraig agus daingnichte le Rhoda NicDhòmhnaill.

4. Seirbheisean Compàirteachais - BBC ALBA

4.1 Chaidh fàilte a chur air MM agus FMK chun na coinneimh. Thug FMK seachad taisbeanadh air Spòrs.

4.2 Am measg an deasbaid bha ceist ann an robh rannsachadh dha dhèanamh air comas spòrsan eile nach eil cho cumanta a chraoladh air an t-seanail. Thuirt FMK gum bithear a’ bruidhinn air an seo tric. Chaidh diofar spòrsan fheuchainn rè nam bliadhnaichean ach gu feumar fad na tìde a bhith mothachail air còraichean, dèanadas agus àireamhan làidir an spòrs a thathas a’ craoladh. Bha aithne ann gu bheil pasgan (multi-annual deals) cuideachd a’ toirt buaidh air dè na tha comasach fheuchainn.

4.3 Bha buill riarachaidh agus chaidh taing a bhuileachadh air FMK.

4.4 Sheall MC fiosrachadh mu An t-Eilean, a’ sealltainn sàr soirbheachas agus dèanadas na sreatha. Am measg nan soirbheacasan bha na seallaidhean as motha a-riamh airson prògram BBC ALBA air iPlayer, a’ ruighinn luchd-amhairc ùra. Chaidh bruidhinn mun iomairt conaltraidh is margaidheachd agus an taic shònraichte a fhuair bho neach margaidheachd, maoinichte le MG ALBA, agus neach PR, maoinichte leis a’ BhBC. Chaidh meal-a-naidheachd a chur air an sgioba, le aithne gum biodh e uabhasach math nan tachradh leithid de dh’iomairt PR air pròiseactan eile san àm ri teachd.

4.5 Bha aithne ann cho cudromach ‘s a bha na cothroman-obrach an lùib a’ phròiseict, le soirbheachas nan foghlainnich (trainees) a’ faighinn eòlas agus sgilean air leth agus thèid coimhead ri dè a’ bhuaidh a bh’ aig a’ phròiseact air obraichean agus eaconamaidh na sgìre.

4.6 Chaidh aithneachadh gu robh am briathrachas “high end”, a chaidh a chleachdadh mu An t-Eilean, air iongnadh a chur air cuid. Bha buill a’ tuigsinn gu robh e a’ ciallachadh rudeigin sònraichte ann an saoghal telebhisein, gu robh an dràma airidh air taic-airgid luach 20% den chosgais bho chreideas chisean sgeama High End TV, agus gu faodadh a dhèanamh soilleir nach robh e na dhimeas air dràmathan roimhe.

4.7 Chaidh ceist a chur air adhartas le BBC ALBA a bhith an làthair aig tachartasan mòra a’ BhBC leithid Wimbledon agus Glastonbury. Chaidh innse nach robh BBC ALBA a’ leantainn an t-slighe sin, leis gu robh am fòcas an-dràsta air sònrachas BBC ALBA a chur air adhart, agus a bhith a’ tarraing raointean eile a’ BhBC a-steach gus taic a thoirt don obair aig BBC ALBA.

4.8 Chaidh innse gu bheil obair dha dhèanamh air aonta còrdaidh agus deit airson a shoinigeadh.

- 4.9 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail do na taisbeanaidhean agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail air gnothaichean co-cheangailte le BBC ALBA, dhearbhadh am Bòrd gu robh iad fiosraichte agus riarachaidh mun t-slighe air adhart airson BBC ALBA.

5. Seirbheisean Compàirteachais - SpeakGaelic & LearnGaelic

- 5.1 Bha pàipear a' dèanamh geàrr-iomradh air slighe air adhart airson SpeakGaelic agus structar ùr obrachaidh, agus ag innse gum biodh taisbeanadh air an latha bhon Mhanaidsear a tha air a bhith os cionn iomairtean LearnGaelic agus SpeakGaelic gus cothrom a thoirt do bhuill cluinntinn gu dìreach mun obair.
- 5.2 Chaidh fàilte a chur air EL chun na coinneimh agus thug i seachad taisbeanadh mu dhèanadas agus dùbhlain a tha mu choinneimh SG agus LG an-dràsta. Lean deasbad agus ceistean.
- 5.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachaidh.

6. Seirbheisean Compàirteachais - FilmG

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air 1) gun d' thàinig 127 film a-staigh airson FilmG 24-25; 2) gun deach Cuirm nan Duaisean a chumail air 7/3/2, le prìomhachas am-bliadhna dha chur air stream air Facebook is YouTube is pìosan air na meadhanan-sòisealta timcheall air an là/là às dèidh an tachartais agus 3) leis gu bheil a' chùmhnaidh aig Astar Media a' crìochnachadh, gum bithear a' sireadh thagraidhean airson FilmG a lìbhrigeadh bho Giblean 2025 gu Màrt 2028.
- 6.2 Chaidh fàilte a chur air MMS chun na coinneimh agus thug e seachad taisbeanadh air FilmG 2023-2025. Thuir e gun deach fòcas a chur air deugairean agus inbhich suas gu 25, a' conaltradh ri tidsearan, a' dol a-mach gu àrd-sgoiltean agus a bhith an làthair aig tachartasan far an robh daoine òga le fòcas air fàs ro-ro-innleachdail gus an till daoine air ais gu FilmG.
- 6.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachaidh agus chaidh taing a bhuileachadh air MMS.

7. Aithris a' Chathraiche

- 7.1 Dh'innse an Cathraiche mu na coinneamhan agus tachartasan anns an robh e an sàs sa chairteal mu dheireadh.
- 7.2 Chaidh innse gu bheil iomairtean conaltraidh a' leantainn le Riaghaltas na h-Alba gu sònraichte ach cuideachd le Riaghaltas na RA.
- 7.3 Chaise innse gun deach fàilte a chur air an naidheachd gu robhas a' faighinn àrdachadh 10% ann am buidseat 2025/26, le dòchas gur e toiseach slighe a bha sin ann an àrdachadh maoinachadh. Bha aithne ann gun do chuidich leithid soirbheachas An t-Eilean agus aithisg

EY, gu h-àraidh a thaobh daoine òga an lùib An t-Eilean agus obraichean agus buaidh eaconamaidh, ann a bhith a’ glèidheadh an tuilleadh airgid. Chaidh litir a chur chun Leas-Phrìomh Mhinistear agus leanaidh còmhraidhean leatha, le dùil fàilte a chur oirre gu oifis Steòrnabhaigh sa Chèitean.

- 7.4 Chaidh innse gun deach coinneachadh ri Rùnaire na Stàite airson Alba agus chaidh fiathachadh a thoirt dha a thighinn a chèilidh aig àm sam bith freagarrach.
- 7.5 Chaidh innse gu bheil Rùnaire na Stàite airson Alba agus an Leas-Phrìomh Mhinistear a’ coinneachadh gach mìos agus gu bheil planaichean aig an dà Riaghaltas obrachadh còmhla gu maith an eaconamaidh.
- 7.6 Chaidh innse gun deach pàipear gu *State of Play* Chomataidh Thaghte airson Cultair, Meadhanan agus Spòrs, a’ sireadh seisean fianais air craoladh Gàidhlig.
- 7.7 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

8. Plana-obrach 3 bliadhna

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le na prìomh chuspairean ann a bhith ag ullachadh plana-obrach 3 bliadhna 2025-26 gu 2027-28, le ceist an robh buill den bheachd gu robh na cuspairean a’ còmhachadh gach cuspair air an robh feum.
- 8.2 A thaobh an treas den luchd-amhairc a bha a dhìth chaidh faighneachd an robh dha-rìreabh cothrom ann faighinn thuca. Thuirt MC gu faigh sinn gu cuid aca ach aig an aon àm gu bheil feum air coimhead a bheileas a’ cur nan ceistean ceart air a’ phannal rannsachaidh.
- 8.3 A thaobh Aonta Còrdaidh le Sgrìon Alba, thathas ann an còmhraidhean le oifigearan le co-dhiù taobhachas ro-innleachdail a chur gu obair.
- 8.4 Chaidh ceist a chur a thaobh adhartas le beachd airson acadamaidh nam meadhanan Gàidhlig. Chaidh innse gu bheileas aig ìre far an robh feum air *proof of concept* a sgrìobhadh le amas cruinneachadh na rudan a thathas a’ dèanamh airson trèanadh agus beagan rianachd and brannda a chur mu thimcheall gus am bi e furasta do dhaoine leithid oifigearan leasachaidh bhuidhnean eile faicinn càite bheil na cothroman.
- 8.5 Chaidh ceist a chur, le amas a bhith a’ gluasad gu susbaint *digital first*, am bheileas a’ cur gu leòr airgead sa phlana airson seo. Chaidh beachd a thoirt seachad nach eil, air aon sealladh, oir tha an t-suim a thathas a’ comharrachadh beag mu choinneimh an fheum. Ach air sealladh eile, ‘s e mearachd a bhiodh ann smaoineachadh gur e susbaint diofraichte le buidseatan fa leth an aon rud a tha a dhìth air an luchd-amais nach eil a’ coimhead an-diugh. Dh’fhaodadh barrachd a dhèanamh a thaobh margaidheachd agus cumadh nam prògraman a tha mu thràth ag obair do mhòran, gus an ruigeadh iad barrachd den luchd-amais nam

biodh an cruth freagarrach, na sanasan math agus cruthan iomchaidhean ann airson na diofar ùrlaran didseatach.

- 8.6 Bha aithne ann gu robh cothrom ann taic fhaighinn bho dhiofar bhuidhnean leithid HIE.
- 8.7 **Co-dhùnadh:** bha buill ag iarraidh clàr-ama a' ruith suas gu àm foillseachaidh, le dreach, cothrom meòrachaidh agus an uair sin an dàrna dreach air am beulaibh.
- 8.8 **Gnìomh:** thig dreach chun na h-ath choinneimh Bhùird, le prìomhachas dha thoirt dha air a' chlàr-chùisean. (DC)

9. Plana-obrach 1 bhliadhna

Plana Obrach 2025/26

- 9.1 A' leantainn air a' choinneimh shònraichte a chaidh a chumail san Fhaoilleach 2025, bha am Plana Obrach airson 2025-26 air beulaibh a' Bhùird.
- 9.2 Chaidh innse gun deach am plana gu Ofcom. Chur iad ceistean agus chaidh freagairtean a chur thuca agus thathas an-dràsta a' feitheamh fios air ais bho Ofcom.
- 9.3 Chaidh innse gu bheil cothrom ann fhathast atharrachaidhean nach eil susbainteach a chur ris mus tèid fhoillseachadh san Ògmhios còmhla ri Aithisg Bhliadhnail 2024-25.
- 9.4 A thaobh OKRan Ro-innleachdail airson 2025-26 agus a bhith a' sgrìobhadh dreach atharraichean reachdail a dh'fhaodadh a bhith ann air Achdan Conaltraidh is Meadhanan bha beachd ann gum bu chòir seo a dhèanamh san ùine ghoirid gus gluasad gu luath nam biodh feum.
- 9.5 Chaidh ceist a chur a thaobh buidseat 2025/26 agus am bu chòir uallach a bhith ann a thaobh easbhaidh de £705k aig deireadh na bliadhna. Thuirt SMD nach robh adhbhar uallaich ann oir bhiodh MG ALBA a' tòiseachadh na bliadhna ionmhais le £1m sa bhanca agus bhiodh cùl-stòran air fhàgail aig deireadh na bliadhna ionmhais a bhiodh a rèir poileasaidh.
- 9.6 **Co-dhùnadh:** chaidh am Plana Obrach 2025/26 aontachadh
- 9.7 **Gnìomh:** 1) thèid cinn-ama a chur mu choinneimh nan trì cuspairean fo OKRan Ro-innleachdail airson 2025-26; 2) thèid comhairle a shireadh mar aig 9.4. (DC)

Poileasaidh Pàighidh – chaidh an seisean seo a chumail gu prìobhaideach leis ann AO a-mhàin an làthair airson pàirt den deasbad

- 9.8 Aig a' choinneimh mu dheireadh, bha aithisg air beulaibh bhall ag innse gu robh dreach plana obrachaidh airson 2025-26 a' dèanamh tuairmse de 5% airson àrdachadh pàighidh na bliadhna agus gun deigheadh rannsachadh neo-eisimeileach a chumail gus moladh chinnteach a chur fa chomhair a' Bhùird aig a' choinneamh seo.

9.9 Chaidh rannsachadh a choimiseanadh agus bha toraidhean sin air beulaibh bhall, a' moladh 3.5% mar shuim a bhiodh reusanta taobh a-staigh stiùireadh Riaghaltas na h-Alba agus an coimeas ri buidhnean eile.

9.10 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail do na puingean a chaidh a thogail sna pàipearan agus tron deasbad agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail dh'aontaich am Bòrd ri àrdachadh pàighidh de 3.5% airson 2025-26 airson gach neach obrach.

10. Comataidhean

Comataidh Lèirsinn

10.1 Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do gheàrr-chunntas de choinneamh 6/2/25.

10.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachte.

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

10.3 Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do gheàrr-chunntas de choinneamh 13/2/25.

10.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachte.

11. Aithisg an AO & an Stiùiriche Susbaint

11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air na nithean a tha air aire an Àrd-Oifigeir agus an Àrd-Sgioba Gnìomha (Senior Executive Team) an-dràsta.

11.2 Thug an Stiùiriche Compàirteachais & Leasachaidh iomradh air an obair sa bheil i air a bhith an sàs gu ruigse seo. Thuir i gu bheil i air coinneachadh ris a' mhòr-chuid de chom-pàirtichean agus gu bheil faireachdainn ann gu bheil iad airson obrachadh còmhla rinn. Thèid plana iomlan ullachadh a' toirt iomradh air gach buidheann.

11.3 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air Aithisg an AO agus an Stiùiriche Susbaint, dhearbhaich am Bòrd gun do ghabh iad fainear.

12. Dèanadas – Q3

12.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air coileantachd amasan (KPIs) MG ALBA, a' Phlana Obrachaidh bliadhna; agus coileantachd bhuidseatan mu choinneimh a' Phlana Obrachaidh bhliadhna.

12.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachte.

13. Cunntasan - Q3

- 13.1 Bha Cunntasan airson cairteal Q3 air beulaibh bhall.
- 13.2 An dèidh do bhuill fainear a ghabhail do na puingean a bha sna Cunntasan agus deasbad a chumail chomharraich am Bòrd na Cunntasan agus bha iad toilichte gun deach sgrùdadh iomchaidh a dhèanamh orra.
- 13.3 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

14. Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhaltas (EDI)

- 14.1 Bha pàipear air beulaibh bhall, a mìneachadh gum bi an Stiùiriche Compàirteachais & Leasachaidh mar sponsair an Àrd-sgioba Gnìomh air an obair seo.
- 14.2 Bidh oidhirpean ag amas air eòlas agus cultar co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltach a stèidheachadh taobh a-staigh na buidhne. Bidh manaidsearan loidhne air an trèanadh, a' faighinn taic agus thathar an dùil gun roinn iad agus brosnachaidh iad deagh chleachdadh.
- 14.3 Thathas air prìomhachas a thoirt do ghnìomhan bhon aithisg mar “red, amber, green” agus bidh na gnìomhan a' leantainn sin a thaobh clàr-ama.
- 14.4 **Co-dhùnadh**: an dèidh do bhuill fainear a ghabhail do na puingean a tha sa phàipear dhearbhadh am Bòrd gu robh iad fiosraichte a thaobh Plana EDI.

15. Meatraigs Riosg

- 15.1 Bha pàipearan air beulaibh bhall ag innse gun deach clàr Riosgan agus am Frèam-obrach Dearbhaidh a dheasbad leis a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh air 13/2/25. Bha a' Chomataidh riarachta le cùisean.
- 15.2 Chaidh aontachadh gu robh an seisean mu bhith a' làimhseachadh chunnartan a chaidh a chumail air 12/3/25 air leth cuideachail agus lèirsinneach. Bha am Bòrd air am misneachadh gu bheileas mu thràth a' dèanamh tòrr de na rudan ceart, ach seallaidh a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh a-nis air mar a b' fheàrr na molaidhean a fhuair a chur an gnìomh.
- 15.3 **Co-dhùnadh**: an dèidh do bhuill fainear a ghabhail do na puingean a thog a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh mun Chlàr Riosgan agus am Frèam-obrach Dearbhaidh; Dhearbh am Bòrd gu robh iad riarachta gu robh na riosgan a bha fa chomhair na buidhne aithnichte gu h-iomchaidh agus, chun na h-ìre a tha comasach, air an lùghdachadh le gnìomh no le leasachadh.

16. Riochdachadh Spòrs

- 16.1 Aig coinneamh a' Bhùird san Ògmhios 2024 chaidh cead a thoirt do dh' oifigearan obair a thòiseachadh a dh'fhaodadh leantainn gu sìneadh cùmhnant riochdachadh spòrs, nam biodh sin iomchaidh. Bha seo ann an co-theacs na còmhraidhean a bha gu tòiseachadh leis an SWPL (Scottish Women's Premier League, aon de na prìomh luchd-gleidhidh chòraichean spòrs a dh'fhaodadh ciallachadh gun gleidheadh sinn còraichean ùra a bhiodh a' sìneadh nas fhaide na teirm a' chùmhnant riochdachaidh a th' againn le Sunset & Vine (S&V).
- 16.2 Bha am pàipear a' mìneachadh gu bheileas faisg air aonta leis an SWPL airson còraichean trì bliadhna bho seusan 2025/26 gu 2027/28, ach tha cùmhnant S&V a' crìochnachadh san Ògmhios 2026. 'S e rud cumanta a tha seo ris am feum sinn dèiligeadh bho àm gu àm air sgàth 's nach eil na clàran-ama airson còraichean spòrs fo ar smachd agus sann glè ainneamh a bhios iad uile a' ceangal a-steach gu dìreach ris an clàr-ama riochdachaidh.
- 16.3 Airson seo a làimhseachadh tha feum air (a) a dhol gu farpais airson riochdaire agus cùmhnant ùr no (b) sìneadh a dhèanamh air a' chùmhnant a th' againn.
- 16.4 Bha na pàipearan air beulaibh bhall a' mìneachadh am measadh a rinn oifigearan air an t-suidheachadh agus na h-adhbharan air gach taobh. Bha oifigearan a' moladh còmhradh foirmeil a thòiseachadh an toiseach le S&V mu dheidhinn sìneadh agus mura biodh sin soirbheachail farpais a chumail. Chaidh deasbad a chumail agus ceistean a chur.
- 16.5 **Co-dhùnadh:** dh'aontaich am Bòrd gum bu chòrr oifigearan còmhradh foirmeil a dhèanamh le Sunset & Vine mu dheidhinn sìneadh dà bhliadhna air a' chùmhnant aca.
- 16.6 **Gnìomh:** thig moladh fa chomhair a' Bhùird san Ògmhios 2025 - a rèir ciamar a thèid na còmhradh - a' sireadh aonta foirmeil airson sìneadh air a' chùmhnant no le plana airson a dhol gu farpais. (MC)

17. Slighe gu Net Zero (P2NZ)

- 17.1 Bha pàipear agus Plana 10 bliadhna P2NZ air beulaibh bhall airson aonta.
- 17.2 Thuirt ball gum biodh e feumail coimhead ri duaisean no aithne bhon taobh a-muigh.
- 17.3 Chaidh faighneachd an robhas a' dèanamh ar dìcheall cosgaisean sgèith a lùghdachadh. Chaidh innse gu bheil ach le tuigse gu bheil amannan agus adhbhar ann airson a leithid aig amannan.
- 17.4 **Co-dhùnadh:** an dèidh iarraidh gun deigheadh cinn-ama le adhartas a chur ris a' Phlana, dhearbhaigh am Bòrd gu robh iad ag aontachadh Plana Net Zero 10 bliadhna.

18. Guth Èifeachdach

- 18.1 Leis gu bheil an Coinbheinsean Obair Chothromach (Fair Work Convention) a' moladh gum bi "guth èifeachdach" (effective voice, no EV) aig luchd-obrach bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh
- na seanailean conaltraidh a th' aig luchd-obrach an-dràsta agus iomairtean a dh'fhaodadh cur ri sin;
 - deasbad air na h-argamaidean airson agus an aghaidh Comhairle an Luchd-obrach (Employee Council) a bhith ann;
 - deasbad air an robh e riatanach no am biodh e feumail bho thaobh riaghlachas (governance) nam biodh aona bhall air ainmeachadh mar churaidh luchd-obrach (staff champion); agus
 - mìneachadh gur e am beàrn as motha a thaobh EV nach eil guth aig an luchd-obrach ann a bhith ag aontachadh poileasaidh pàighidh.
- 18.2 Chumar deasbad, agus chualas bho AM agus KMK. Bha buill den bheachd gum bu chòir dùblachadh a sheachnadh agus sa mhòr-chuid gur e gnothach obrachail a bha ann airson oifigearan a làimhseachadh.
- 18.3 **Co-dhùnadh:** thèid a' chuspair a chur fo dheasbad le oifigearan a tha mu thràth an sàs ann an seanailean conaltraidh an luchd-obrach.
- 18.4 **Gnìomh:** thèid iarraidh air Buidheann Leasachaidh Leantainneach agus Buidheann Obrach Òigridh beachd a ghabhail agus thig fiosrachadh air ais chun Bhùird. (DC)

19. Amasan an Àrd-Oifigear

- 19.1 Tha Amasan an Àrd-Oifigear air an aontachadh gach bliadhna leis a' Cathraiche, le taic na Comataidh Lèirsinn agus a' Bhùird.
- 19.2 Chaidh na h-amasan air beulaibh na Comataidh air 6/2/25 agus chaidh aontachadh gun toireadh an AO sùil air na h-amasan ann an co-bhonn ri na Stiùirichean agus gun tèid an tuilleadh conaltraidh a dhèanamh le Cathraiche na Comataidh agus Cathraiche a' Bhùird.
- 19.3 **Gnìomh:** thèid na h-amasan a chur air beulaibh Comataidh Lèirsinn sa Chèitean agus an dèidh sin an dèidh airson ais chun Bhùird. (DC)

20. Comataidh Thurastail

- 20.1 Aig Comataidh Lèirsinn air 6/2/25, ann a bhith a' beachdachadh air Poileasaidh Pàighidh 2025-26, chaidh aontachadh gun tigeadh pàipear chun Bhùird gus beachdan a thrusadh gus

Comataidh Thuartastail a stèidheachadh. Bha am fiosrachadh sin air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

- 20.2 **Co-dhùnadh**: an dèidh do bhuill fainear a ghabhail do na puingean a bha sa phàipear agus deasbad a chumail dh'aontaich am Bòrd Comataidh Thuarastal a stèidheachadh le na cumhaichean iomraidh a bha roimpe agus le ballrachd mar a leanas: an Cathraiche, Cathraiche na Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh, Cathraiche na Comataidh Lèirsinn agus aona bhall eile, a tòiseachadh le Calum Steele.

- 20.3 **Gnìomh**: thèid conaltradh a thòiseachadh le Ofcom ([MAMI](#))

21. Ùghdarras phrògraman

- 21.1 Cha robh gin a' chairteal seo.

22. GISBE

- 22.1 Chaidh deasbad a chumail mun dòigh conaltraidh as fheàrr le buill, le feum aig an Rùnaire fios a bhith aice air cò bha an dùil a bhith aig coinneamhan agus freagairtean nas luaithe air p-dealain. Chaidh aontachadh cumail a' dol le p-d mar dhòigh conaltraidh ach nam biodh ball sam bith airson dòigh nas freagarraiche dhaibh fhèin a chur air dòigh, bruidhinn ris an Rùnaire.

- 22.2 Dh'innis an Cathraiche gum bi e a' cumail measaidhean le buill san ath dà mhìos.

23. Deit na h-ath choinneimh – 12/6/25